

bheag a bha maille ris orra gu Inbher-gharradh, Caisteal Mhic'le-Alastair. Cha robh san tigh so san am, ach non-fhear-muinntir, agus bha an tigh gun bhiadh gun earnais. Luidh am Prionnsa air an oidheche sin na aodach fein air lòn an urlair. Fhuaradh air an la maireach bradan as a Gharaidh a dh'ith iad le mor chiochas ge nach robh aca leis ach deoch as an tobar. Air an latha maireach dh'fhag iad an t-aite so, agus thug iad Arasaig orra, dlu de'n aite san d'thanig e an toiseach air tir. Sgap a chuid eile de na Gaidheil, agus dh'iar gach fear tearninteachd dha fein, mar a b'fhearr a dh'fheud e. Dh'fhan am Prionnsa ceithir laithean ann an Arasaig, a feitheamh gus an tigeadh Domhnall M'Leod as an Eilean Sgiathanach, air an do chuireadh fios gu bhi 'na fhear-iuil da. Mar bha'm Prionnsa a mach sa mhonadh gun duine leis, chunnaic e sean Ghaedheal a dlu'chadh air; chaidh Thearlach na coinneamh agus dh' fheoraich e dheth am b'esan Domhnall M'Leod? Is mi, ars' an gaidheal. Is mise do Phrionnsa, arsa Tearlach, is mi chuir fios ort; tha mi ann an aire, agus tha mi 'ga m' earlsha fein riut: dean rium mar is aill leat. Air an oidheche sin fein chuir iad fasgaol a Loch-na-li-uadha ann an ochd-rambach fhosgailte; an sean Leodach air an stiuir, agus am Prionnsa na shuidhe eadar a dha ghlun. Bha Domhnall colach air coslas na speur; dh'fhosgail uinneagan an adhair gu gruamach dorch, agus thuig e gun robh stoirin ann fogus; ach chuir am Prionnsa roimhe dol air aghaidh. Bha aca teorlan mine, agus poit sa bhata, ach cha robh aca aon chuid seinne no connadh.

Ceart mar thuirt M'Leod, is gann a chuir iad a mach gu fairge nuair a dh'eirich an doinionn. Sheid a ghaoth gu h-uamhasach, agus dh'eirich na tonnan gu ro-bhuairiasach; agus bha'n oidheche co stoirmeil 's nach faca M'Leod riamh a leithid air a chorsa sin. A mheudachadh a mi-shealbh, shil an t-uisge orra na thuiltibh anabarrach, agus bha iad gun phìob-thaosgaidh gun chairt-iuil. Bha 'n oidheche co dorch, 's nach b'fhios do aon neach a bh'air bord c'ait an robh iad; agus bha iad fo eagal gu'n eallte am hata, no gun rachadh iad gu tir air an Eilean-sgiathanach, far am